

Uilleam Auld

# An Cinneadh Leanabail

## (La Infana Raso)



air a chur an Gàidhlig  
le  
Garbhan MacAoidh

Versio en la skotgaela lingvo



*eva*

*Esperantlingva Verkista Asocio*



2008

**Uilleam Auld**  
**An Cinneadh Leanabail**  
**(La Infana Raso)**

**Duan ann an 25 caibideilean  
air a eadar-theangachadh o Esperanto  
le Garbhan MacAoidh**



**Versio en la skotgaela lingvo**



**Air a chlò-bhualadh le Garbhan MacAoidh,  
“Carsphairn”, Bothar Chluan Minse, Tulach Mhór, Co. Uíbh Fhailí,  
Poblacht na hEireann.  
2008.**



*Tha mi fo chomain do mo mhnaoi Màiri a leugh dearbhaidhean chlò-bhualaidh den leabhar seo.*

## ROIMH-RÀDH DON EADAR-THEANGACHADH SEO

Am measg luchd-labhairt Esperanto, tha Uilleam Auld air a mheasadh mar am bàrd agus an sgrìobhadair as cudthromachaide d'a ghinealach fhèin, a sgrìobh anns a chànan sin. Anns na bliadh nachan roimh a' bhàs ann an 2008, aig aois 81, chaidh a ainm a chur air adhart (mar a chaidh ainn Shomhairle MacGill-Eain cuideachd) air son na Duais Nobel air son Litreachais. Gu h-àraidh, tha Auld air a mholadh air son a dhuan fhada *La Infana Raso* ("An Cinneadh Leanabail"). Fhuair e a àrd-smuain air son na h-oibre seo bhon duan *Cantos* le Ezra Pound. Is e cuspair an dù duan seo *cor an duine anns an domhan* – an aon tèama a bha aig Pablo Neruda nuair a sgrìobh e *Canto General*. Chuala Auld mu Esperanto ann an 1936. Anns an Dara Cogadh Domhan Domhanta rinn e seirbhis anns an RAF mar phaidhleat *Spitfire*, agus dh'itealaich e ann an iomairtean os cionn an Ear-Mheadhain, Afraca-a-Tuath, agus na Grèige.

Bha e na oileanach Beurla aig Oilthigh Ghlaschu. An deidh dha Esperanto a dh'ionnsachadh, sgrìobh e gun sgur agus gu pait: sa chànan: bàrdachd, aistidhean, uilt agus leabhraichean-teagaisg. Bha e na fhear-deasachaidh irisean ann an Esperanto. Dh'eadar-theangaich e bàrdachd le Rabairt Burns, Edward Fitzgerald (*Omar Khayyám*), Somhairle Maclean, agus iomadh bàrd eile. Rinn e eadar-theangachadh sgoinneil den leabhar *Tighearna nam Fàinneachan* (*The Lord of the Rings*) le Tolkien. Nuair nach robh e a sgrìobhadh dh'obair e mar na iar-cheannard de sgoil-choitchinn. Gus a bhàs dh' fhuirich e ann an Dollar (Dolair), Clachmannan, far an robh leabharlann mhòr phearsanta aige. Mus do chaochail e thug e seachad an cruinneachadh iongantach seo de leabhraichean ann an Esperanto do Leabharlann Nàiseanta na h-Alba an an Dùn Èideann. Tha air maireann a bhean agus dithis chloinne. .

## NOTA

Ann am foirlionadh don treas eagran de *La Infana Raso* sgriobh Uilleam Auld gu'n dubhairt aireamh leughadairean dha an deidh foillseachadh den chiad chlò-bhualadh, gu'n robh iad duilich nach do sholaraich e nòtaichean mìneachaidh. Air an adhbhar sin, nuair a bha e ag ullachadh e an treas eagrain chuir e notaichean ris. Tha na notaichean a' mìneachadh gach caibideil gu pongail, agus on àm sin sin chan eil leisgeul aig leughadair sam bith air a bhith ag ràdh nach tuig iad cuspair no seagh an duain seo — no co-dhiù se sin an dòchas a bha aig an ughdar. Cha do chuir mi Gàidhlig air na notaichean, oir gheibhear iad anns a' Beurla, aig a chrìch de *The Infant Race*, an t-eadar-theangachadh Beurla a rinn mi den duan seo, agus de *The Bairnlie Race* m'eadar-theangachadh an Albais no Beurla Ghallda. Tha an dà eadar-theangachadh seo ri am faotainn air duilleagan idir-lion aig EVA (*Esperantlingva verkista Asocio – Caidreabh nan Sgrìobadairean Esperanto*), seòladh: [www.everk.it](http://www.everk.it)

no tadhail air “William Auld” ann an Google.

# I

Fàilte do m'shinnseir Reuben, clachair sgilear  
a gheàrr an eibhir chruaidh, is cha b'fhuilear  
streap fad a bheatha air na h-eaglaisean  
a snaigheadh ainglean is iomaighean!

Is dhuitsa, sliochd Reubein, seòladair  
a thog do shiùil gu h-àrd is sheòl air falbh  
nad bhìrlinn thar an t-sàl, mar spùinneadair,  
agus rinn suirghe air nighinn òsdair,  
ach dh'fhàg i ann an staing, is chaidh a dhìth  
air grunnd na mara, fàilte dhuit, a laoich!  
(Agus gu h-àraidh dhuit, nighinn an òsdair,  
mo bhana-shinnsear chaomh a dh'altraim mac  
a dh'fhàs gu bhith na dhrùisear murtaireach,  
a ghin do dheichnear phàistean diolain  
d'an robh am fear a chaidh do Phòlainn chèin  
far an do dh'fosgail e tuil-dhoras 'bhlèin  
's dh'fhàg dhomh mar dhileab miltean d'chàirdean Polach!)

Is fàilte bhuam, athraichean lionmhor agam  
a dh'ith am fallas-gnùis' aran na tràilleachd,  
oir 's mise fear de'd shliochd, do cho-inbheach;  
ach bhiodh iongnadh oirbh-se nan cuirinn  
an fhàilte cheudna air ur sàrachair,  
no nan robh fios agaibh gum bheil an fhuil  
cheudna nam chuislean a bha aig triath  
agus an tuath bhochd a bha fo'n chuing,  
oir 's ann le tuiteamas a th' againn uile  
an aon fuil ann ar cuislean, sibhs' is mise.  
Gu dearbh, bhiodh iongnadh air an triath  
cuideachd, nan robh e eòlach air ar  
dàimh!

Agus, mo shinnsearan borba, ròmach  
a strì, agus a ruaig le claidheamh 's clachaibh  
na leigiuin Ròmanach, arm Agricola –  
cuiridh mi fàilte oirbh cuideachd, Ave!

Seadh, b'iad na daoine seo gu lèir  
(gu ire bheag) a ghin mi, ma 's e fior,  
a' nochdadhbh gum b'aireamh mo shinnsearan  
an uair sin, fada na bu mhò  
na sùim na muinntreach uile anns an tìr!  
Ach fiù 's a-measg leigiuin na Ròimhe  
bha athar no dithis leam-sa cuideachd,  
agus nuair ann an ugannan a chèile  
a strì Ròmanaich agus Ceiltich,

b'e siol nam fear seo còmhla  
a chuir ri'm phears' an dèidh nan linntean  
agus nam chuislean tha a' ruith  
dream a thug ionnsaigh, agus dream a dhòn...

Is ged a dh'aindeoin, seo mo làmh  
dhuit cuideachd, dhalm-bheachdaiche,  
is dhuit, a mhisgeir, 'chleasainche  
a rinn mi aotrom mar thu fhèin;  
's seo mo phòg dhuit, Mhàiri bhog  
a bhuain raineach, agus dhuit,  
Eilidh – thus' a rug do phàist'  
Gun fhios a'd cò an t-athar aic'  
(ach bha thu gaolach agus geur),  
Fàilte mo shinnisir, 'thàilleir chlis  
is dhuit...  
dhuit mar an ceudna, agus dhuit...  
Cuiridh an smuain tuaineal orm...  
is cha dean m'inntinn dealachadh  
eadar na tinnean slabhraids sin  
de bhreithean agus ghinealach  
a chriochnaich annam, 's cheangail mi,  
fad às no dlùth, le dèircich,  
drùiseagan agus dotairean  
de iomadh teanga, tìr is treubh...  
Fàilte do'm shinnsear, fear a' phac:  
b'i feis' a rinn sinn, athair 's mac!  
Is dhuit,a bhrithelmh chruaidh, fàilt'  
is do mo chàirdean sgapte pailt!

Thoir dhomh do làmh, a charaid dhuibh:  
dhealaich tùs-ghinean thusa 's mis';  
is thusa m'bhràthair Iosa Chriosd  
le craiceann donn mar ùir do thìr'  
(bànaichte le d' luchd-leanmhainn.)  
Thòisich sinn uile anns a'mhur!

Tha caismeachd mhall nan ginealach  
a' meudachadh gun stad, gun chrìoch,  
air ais an tìm. air adhart, a-mach,  
an snàthainn tana, righinn, brisg  
a thàrmaich nuair a cheangaileadh  
dùil is dùil air thuairmeas corr':  
is ann an tiot' thug sin gu bith  
a' bheatha – agus ghineadh MI!

Ach anns an uair a nì mi bòsd  
cagairidh guth: "Cha stad an tìm  
leatsa, fhir bhaoith, cha choimhlionar;  
chan thusa crùn a' chinneadh-dhaonn'.

Èiridh daoin' eile às do dhèidh;  
chan e ach tiot' o shiol gu breith;  
chan eil ar pòr ach 'tòiseachadh  
- is thus' ach anail naoidhean ùir.

Thàinig thu, thèid thu, tinne-sèin'!  
Soraidh, mo shinnsear, dh'fhalbh ur n-àm...  
Misneach, mo bhràithrean às gach treubh;  
mu dheireadh thall bidh 'm mealltair, tìm,  
gar n-aonachadh, gar n-aonachadh!

Ach anns an eadar-àm, mar doill  
thig sinn is thèid sinn, tinnean-sèin'  
nach d'rinn sinn is nach crìochnaich sinn.  
O misneach agaibh! Foighidinn!

## II

'N ar creideamh – am bheil suim aig Dia?  
Chan eil ar breithneachadh ach dall.  
Bheir sinne tuairmse mu'n nì  
is saoilidh sinn gu bheil sinn glic.

Molaidh sibh irioslachd – le prois:  
rannsaich sibh diomhaireachd ur Dè  
neo-fhaicsinneach; tha 'r beachdan fior  
's a h-uile creideamh eile falls'.

Teagaisgidh fàidh a bharail fhèin  
mar fhìrinn, agus tagraidh e  
gur àithne naomh bho Dhia i,  
is feumaidh sibh bhith umhail dha.

Tha 'r creideamh seasmhach mar na cnuic.  
Ach smaoinichibh: nach pròiseil e  
a ràdh gur ceart do bheachd is ceàrr  
beachdan daoin' eile ('s mathaid feàrr)?

Bu choma do na Greugaich cò  
do chreideamh no do dhia-sa  
Iehobha, Zeus, Baal, Vishnu;  
leanadh gach neach a shlighe fhèin.

Cha dh'àrdaich Greugach Leabhar naomh;  
lean 'ad, gun cheangal, Nòs is Gnàths;  
cheadaich 'ad beachdan coimhneach, is  
rinn iad co-rèiteachadh, le gràs.

Do'n clèir cha d'thug iad inbhe àrd,  
ged nach do rinn iad orra tàir.  
Cha diteadh neach 'son eireacachd  
ach gann (a dh'aindeoin Shocrates).

Coimeas an sagart Fahey, fear  
a dh'eagraich iomairt nar linn fhèin  
'son "Chòraichean Rìgh Iosa Chrìosd"  
(is aig a' chlèir) sa coimhleasachd.

Thubhairt e: "Aidicheadh an Stàit  
nach fior ach creideamh Caitligeach;  
bu chòir don phoileas an reachd seo  
a chur an gniomh anns an tìr

agus mar sin air adhart...ach chan eil seo  
ach iomallach, oir tha gach neach  
buailteach air dol air iomrall.  
Ach cha bu choir dom choimhearsnach  
mo chronachadh air son mo bheachd'.

'Bheil Dia ann? Na cuir a'cheist.  
Tha dàn an duine muladach.  
Cha chuidich e ma leigeas sibh  
cudthrom air beatha mhaireannaich.

Is air an anam – uiread càinnt;  
Ach rinn sibh tarcais air an fheòil,  
Agus le toirmseasg chuir sibh oirnn  
nàire mun fheis' - rud nàdarrach.

Chuimhnich air an lùth-chleasainche  
Orsipus, fear-ruith ann an rèis,  
a thilg bhuaith 'aodach-bliain,  
is ruith air adhart do bhuaidh 's glòir.

Is feòil “an t-anam”, is chan fhaod  
e nochdadhbh ìoch le crupadh-fèith’;  
chan eil e ann ach anns a' chorp  
'san cheudfath, is 'sa cholunn beò.

Ach theirear: “Molaibh gniomhan Dè.  
Rinn E 'r corp diblidh, suarach”,  
(ach diteadh Lawrence nuair a nochd  
a dhealbhan pàirtean priobhaideach).

Chan ann ach gus an aidich sinn  
gur slàn is urramach an fheis'.  
Cha tuig sinn togradh nàdurrach  
is slaodar sinn don eabar leis.

Is inntinn agus mothachadh  
an t-anam: aigne 's fàireagan;  
gun chorp chan eil sinn ann, 's cha bhi  
nèamh ann ach air an talamh seo,  
is Dia...?

### III

Meudachaidh mi gu mòr do dhoilgheas agus do thoirrcheas  
agus 'am pèin beiridh to clann...Gen. III.16.

Co-èignich prìomh-fhath do chorp  
Gu stairsneach bàis air son a' chuspair seo  
Is ann an uair sin bha thu nad aonar  
agus gun chobhair, rinn thu spàирn is acain;  
teannachadh fhèithean agus fhàireagan.

Dè smaoinich thu an dèidh àmhghar na h-asaid,  
briseadh nan uisgeachan 's a chiad ghal  
den naoidhean; am bheil cuimhne agad fhathast?  
no nach eil e ach bruadar doilleir, dorch;  
le bliadhnachan bàsaichidh eadhon cràdh.

Dhealbh thu tinne slabhraids leis a' bhreith seo.  
choimhlion thu do ghniomh sònraichte.  
Ach cha do dh'fhoghain e; choisrig thu 'n leanabh  
(tha fios agam) don àm ri teachd 's an dàn  
an aisling agus dòchas dèidheil dall.

O mhàthair, bha e gòrach agus diòmhan!  
oir nuair a gheàrradh an cord imleagach  
chaidh gheàrradh cuideachd aonadh diòmhair dlùth.  
Carson a rinn mi innleachdan nam aigne?  
Bha fios agad gum bithinn clearbach.

Ach carson nì sinn rudan iom-fhillte?  
O mhàthair, làimhsich beath' gu dona thu.  
Chaochail do mhàthair-se, is dh'fhalbh d'athair;  
bhris mac do dhùil, is mheall an dàn do dhòchas  
- ach cha do dh'atharraich do ghràdh 's do bhàidh.

Chan aithne dhomh thu, mhàthair, tha seo fior –  
Ciamar am b' aithne? – oir is coigrich sinn  
amhaircidh sinne air na daoine, ach  
cha drùidh sinn a-steach don phearsa fhèin:  
am mathanas no peanas tha sinn ceàrr.

'S ann mar gun robh thu thall air planaid Bheunais;  
is coigrich sinne, ged a tha sinn dlùth.  
Cia mheud a tha thu eòlach air mo smuaintean:  
diòmhair, eadar tràghadh agus sruth  
- no mise air an fhaireachdainn nad chrìdh'?

Dh' atharraichidh tiot na h-uile:

Dh' fhàs thu torrach

is dh' atharraich sligh' do bheatha anns a' bhad.

Chan eil dad nìtheil ach an t-àm 'tha làthair,

Is fiù 's bha fios agad gu'n robh thu,

am b'e sin beannachadh no binn?

Dh' atharraichidh tiot na h-uile, nuair a shad

a' bheatha mise às do mhachlaig-se,

dè smaoinich thu an uair chruidh na h-asaid'?

Is cò bha ciontach de na thachair roimhe?

Cuin a bha meallta d' aisling is do dhùil?

## IV

A-rèir *Shean-iolairean*\* , tha feum  
air cogadh, oir tha prothaid ann  
air son gach slaightear 's *Prothaid-ir*\*\*,  
is cothrom glòir' do thìr is fhir,  
ach deòir don bhanntraigheach 's dhilleachdan.  
Tha ludairean 's luchd-*poilitrics*\*\*\*  
ag ràdh gum bheil an saoghal gu lèir  
a' magadh air ar n-amaideas.  
Tha bomaichean is brag a-mhàin  
gar dòn bho shluagh an oillteachais  
is tha a' chlèir a' beannachadh  
bàt'-aigeil agus bhomairean:  
*Cac-ligeach*, *Prois-tanach* is *Diù*,  
Luchd-taic na firinne 's na sìth',  
Calpachais is *Dem-acras-aidh*\*\*\*\*,  
ghunnachan, ola (agus ìm');  
oir ma tha cogadh ann (mas fior)  
bithidh na saighdearan a' strì  
fhad 's a tha feadhainn ann a nì  
bucaidean oir bho na buill-airm  
an àite – mar a thubhairt am fàidh –  
dhèanamh bho claidhean coltairean.  
Cha sabaididh na saighdearan  
a dheòin, ach nì luchd-prothaide,  
mar cnuimhean reamhar buacharain,  
cuirm am measg na luathre.  
“Is truagh”, their na h-uachdaran,  
“ach 's ann a-mhàin le fòirneart 's fuath  
a gheibh sinn buaidh air an fhuath:  
*Tha oirnn uile comharrach Chain.*

\* = Sheanalairean.

\*\* = “profiteer”.

\*\*\* = luchd-poilitigs.

\*\*\*\* = Deamocrasaidh.

## V

Do d' leabaidh fàiltich mi;  
comh-lionaidh sinn an cuspair  
air son na rugadh sinn

Caithidh an cuspair sinn  
ma bheir tu cuireadh dhomh  
le smèid do ghàirdeanan  
ma bheir tu dhomh do ghaol  
nad leabaidh mealaidh sinn  
aineas is gàirdeachas  
cha mhiannaich sinn ach sin

comh-lionaidh sinn an cuspair  
caithidh an cuspair sinn

agus le pòig  
fosgail an geat'  
nis do mo bhall

agus le'r gaol  
ginear ar pàisd

oir chan eil dùil  
na h-adhbhar aoir'  
's ma's ribe i  
chan aithnich sinn  
(tro gheata blèin  
drùidhidh mo bhall)

Tha fios gu'n canar drabasta  
ri nì nach eil ach nàdurra

agus ma laigheas tu nam ghlàic  
dealraichidh leus  
air guailnean a'd  
is glacar sinn le seun  
an dioghrais chiùin

A ribhinn, righinn, mhaoth  
faisg mi thu do'm uchd gu diona  
agus bho d' chorpa  
fairichidh mi am plosg  
de d' chridh' le d' dhlùthas  
tumaidh mi ann am muir de dhìoghras  
tro do chùl dualach  
flodaidh mi mar gum b'e air fairge  
gu dùthaich ciaraidh

is laighidh mi le tlachd air bruaich còinnich  
do làmhan fodham agus mis' air bhoil

lulu, lu

milleanan de shìl

air son aon duin' a ghiann

milleanan de dhaoin'

air son aon Duin' a bhreith

beiridh mnathan ann am pèin  
milleanan de leanaban gun fhiù\*

mùchaidh an oidhche mi

a luaidh!

beò-ghlac is buair mi

sgioballan plapach, adhbrann chuimir

sùrdag do chìochan aighearach

càraid òg a' coiseachd làmh air làmh.

Bu mhath leam anns an dorchadas  
mo làmh a chur air sliasaid ghrinn  
do shliasaid!

Les Sylphides air a' għramofón...

cuiridh mi dheth

às d' aonais chan eil draoidheachd ann  
dhomhsa 's tlachd choitcheann an ceòl

a cheanglas sinn le gàirdeachas

an diugh chan eil an tlachd sin ann

's ann ràsanach a tha an dàn,

gun chiall thèid faclan seachad orm

carson nach eil ach thu, a luaidh

a chuireas gaoir mhilis orm?

carson nach cnèadaichinn ach do chorp?

tha'n saoghal làn de mhnathan saor'

ach cha bu chaomh leam ach thu fhèin

diomhain mo mhiann bhalbh!

ach le mo phòig

fosgail do bhall

coimhlionaidh sinn an cuspair

caithidh an cuspair sinn

\* Millions o wimmen bring forth in pain  
Millions o bairns that are no worth haen.

## VI

Chac na dubh-sheangain air a' bhòichid seo  
Chac, is mun cuairt iongnadh thog 'ad mùr  
de bħreicean puill. Tha gàirdeanan ròmach aoig  
a' ceannsachadh a' chleachdaidh àrsaidh  
air 'oibreachadh le cnàmhan cnàimnich  
de chrabhadh uaibhreach. Għabh 'ad brath air  
cuimhne ar cinnidh, oir tha 'n creatair collaiddh  
fo eagal roimh a cholainn agus b'fheàrr leis  
an tiomhnadh tioram de na lòcaist.  
O tħaladħ an *logos*, mar drumaireachd dall  
an eanchainn an leanaibh, agus 'athair  
a' bualadh a dħruma fhèin 's a' mionnachadh  
agus às breuntas beirear am breug-chrabbadh.

Air coille, ag itealaich gu bragail, àrd  
chreach seahag sgeilmeil, geur iongach  
is sgar ceann lagħairte an duilleach  
a' caogadh air an talamh is a' cagnadh,  
fosail bhith-bħuan ann am fallaing chlēirich.  
Chan eil bonn ann a shaltaireas na seangain  
's a bħriseas an ughdarras gu buileach  
ach faodaidh sinn an cur fo smachd gu cinnteach  
's na taibhsean ann an uaimh dorch dùinte.  
Carson? – a chum 's gur urrainn ròsan riomhach  
tighinn fo bħlath fiu 's far a chuireas sneachda;  
a chum 's gum fàs a' chruithneachd far an dràsda  
tha mosgan glas is lusarnach a' fàs,

Tha an saobh-chrabbadh daonnan gnìomhach, beòthail  
a' mathachadh gach gràinn' a chuir a' chlèir;  
sgaoil cogull troimh ar n-achaidhean gu pait.  
O cia mheud àmhgħar 's briseadh-dùil an dèidh na bainnse  
a dh' adhbhraich dream aig a bheil sàil nan sùil.

Ainm an Àigh! Nach ceangailte ar làmhan  
le fāireig feise sheòlta mar an sionnach!  
Ma leughas sinn taobh-duilleagan a' chomais  
Gu h-onarach is gun dì-chuimhne pheacach,  
Chì sinn gur roimh-ràdh sin don t-seòladh dhubailt  
air son ar planaid bħalbh àrsaidh seo.  
Gineanan bochda sinne roimhe ar n-asaid,  
tha sinn ro leisg is slaodach roimh ar faillinn.  
Tha sinn mar ghòbħlagan san sgàil a' fuireach  
ri beul an là, ach againn chan eil sùim  
ach anns na bithean fasanta is faoin.

Gidheadh, tha eibħleaq ann a loisgeas fhathast...

## VII

O, nach do rinn mi gàirdeachas  
air beanntan Marsach Phersia  
(cia fhad a thèid an t-aoibhneas seo  
air son bàrd bochd na beatha 's bith?)

— ach b' fheudar eadhon Galileo  
àicheadh na fhuair e a-mach;  
ach dh' fhàn an fhìrinn seo co-dhiù  
eppur si muove: *tha'n chruinne-cè*  
*a dh'aindeoin sin*  
*a' dol mun cuairt —*

buige shearbh an fheasgair sin  
an club na h-oidhch' an Kermanshah  
mar phleòdag chaidh e seachad - ach  
cha d'thug mi aire idir. Ah!

's cha robh mi riagh òg gu dearbh  
- no dh'ionnsaich mi ro fhadalach  
dàimh eadar suidheachadh a-nis  
agus mo chor nuair a bha mi òg

— nach neònach e gum b'urrainn do shàr-inntinn  
stri ann an dòigh nach gabhadh falachadh  
'son rud-eigin nach nochdadach ach air dheireadh  
a fheumalachd do shaoghal nach robh deas

bocsa-ciùil. Plaisir d'Amour  
cafaidh de bhreug-alabastar  
uair toileachaidh diombuain  
bha mise geanmnaidh; cha robh ise...

an iondrainn mi na h-uairean aineis?  
tha tìm, an draoidh neònach sin  
a bhiogas ann ad cheann mar ghreollan  
a' sgaoileadh sgàile bròin is breisleach

air tiota làthaireach is fior

— an sin thig ùghdarris an fhoghlum  
a' cur a sheula dreuchdail air  
firinn a bha gu fada fior —

is ann gu grad 'tha 'n tìm a' triall  
agus an ceart-uair tiot a-mhàin  
is grian ag eugadh an dèidh grèin'  
's chan eil e soilleir dè an dàimh

bha caidreamh furasda an sin  
oir cha robh ach an tiota fior  
oir seachad chaidh na mionaidean  
's tharraingeadh cùirtean tìm' a-ris

agus nam leabhar-chuimhneachan  
nam aigne, tha mo dhealbhan  
am bheil 'ad coltach ri ur cuid,  
a Rabairt, Pheadair, Eilidh, Cheit?

— na bha ann roimh a' cheart-uair seo  
chan eil e tuilleadh mar a bha:  
cha mhòr nach robh mar diathan sinn —

is tha na h-uairean gu lèir  
a' gabhail seachad ann an sreach  
tha gach aon eadar-dhealaichte  
is caillear mìltean ann am boil'  
is fanaidh leth-bhreac dhiubh a-mhàin

agus a-nis chan eil 'ad ach gann  
a chuimhneachas an ceudfath  
gu h-iomlan riaghlaigh Tuiteamas  
's an Tuiteamas an caisgire:

bolaidhean peatrol 's gainmhich  
ceòl! Ò tha mòran ciùil a dhìth!  
blas branndaidh agus colamoir;  
Betelgeuse 's damhan-allaidh ann.

## VIII

's ann aonarach a tha e nuair a tha  
gràdh agad air sàr-bheachd sam bith.

Air grunnnd na mara  
cuairt-shruth ann an uisge dubh  
fuar, trom  
's an sin ciùin...

Carson nach diol an sluagh mo ghràdh  
Carson nach gabh iad rium?  
Tha e furasda  
creidsinn ad aonar  
an aghaidh na tromlaich –  
ach dè mu dheidhinn luchd-gràidh?  
  
Uilebheistean sligeach na h-àibheise  
sinnsearan  
tha sibh sàsaichte le acras  
ach tha an saoghal sàmhach, neo-aithnichte seo  
gam spreigeadh, 's mis' a' sgreadail, feargach

s  
o  
ì  
n  
-  
a

(a-nìos)  
gu creigean fluucha, coimheach  
agus na neòil a bhàsachas  
agus an leanabh beannaicht', sìochail  
dall      dall  
breugan

oir dhì-chuimhnich mi an neul ud an Hiroshima  
chan iarr mi ach dreuchd, bean is dibhearsain  
chan fhòghlaim (ach air thuaiream) mi  
dhì-chuimhnich mi mòran  
tha mi a' taghadh na tha furasda  
is goireasach  
a roghnaicheas daoin' eile air mo shon  
's cha shòr mi a shocrachadh air nì,  
a thoirt breith agus diteadh  
ma spàrras cùisean orm sin a dhèanamh  
gu seachd àraidh, tha mi tùrail.

Tha an eanchainn ro bheag

carson a tha feum agam air starr-fhiaclan?  
Chan eil mi miannach air teumadh nàmhaid  
    'san uair allaidh  
nuair a dh' fhalaicheas bonn àibhiseach  
    an speur dubh  
    an sin cuimhnichidh mi  
        ach ro fhadalach  
        agus an deidh sin  
    tarraingidh an speur a-rithist  
    acras dall, siol-chur dall, dall

crathaidh an lann mhurtachail, mhì-dhealbhach, thosdach  
    's an t-ìobairteach giùranach a' siorradh gun solas  
        agus mairidh primideachd na h-àibhise  
            cathaidh an cuspair sinn

ach bhiodh an sùgh ag èirigh  
cha robh an sàr-bheachd riamh na aonar  
    agus uaireannan tha e  
        a' mairsinn  
mur eil mi a' faireachdainn an uisge  
    chan eil e ann  
is aithne dhomh duin' a-mhàin, agus  
    chan eil mi a' tuigsinn  
    le dà shùil a-mhàin a h-uile nì  
    agus an còmhnaidh le deich barran mheur

Rugadh do dhruim chuimir  
    air son cniadachaidh  
        ach bhàsaich e  
nuair a dhùineadh mo shùilean leis an oidhche

n    u	t    n	s    m    i    n	g    o    h	d    i    e
e    l	o    n	ù    a    n	a    t	u    n
(neul)	(tonn)	(sùmainn)	(gaoth)	(duine)

èigh "leum" is geàrraidh mi sìnteag  
    gun teagamh tha mi glic  
        glic is gu h-àraidh túrail  
        oir dh'innseadh dhomh sin  
agus tha mi cinnteach gum bheil an talamh còmhnard  
    chunnaic mi le mo shùilean fhèin  
        oir thuiteamaid a-mach don iarmait.  
Fon chraiceann bheò sgaoilidh cnuimhean.  
    Is sinne na bèisteán nach eil balbh.  
Bhris an là 's an saoghal, buaidh 's dubh  
    saoghal nam famhairean, gun fhuaim  
    agus chan atharraich fiù 's am boma atamach

cruthan na cruinne  
chan eil sinn ciontach de ar pheacadh dearmaid  
nar n-eanchainn chan eil ach sinne  
agus tha sinn ro bheag, ro bheag.  
Anns an uair mhearanach dheireannach  
nuair a sracas na bloighdean broilleach  
nuair a tha cabair air an iobradh don Teine  
nuair a snàigeas na cnuimhean beaga  
is mise an saoghal. Chan eil ach m'eanchainn gam chràdhadh  
le sracadh fhèithean leis a' ghrèine  
nuair a dhùnas bàs  
mo shùilean  
bàsaichidh an saoghal  
ach mairidh an cuspair  
mairidh e  
agus imlichidh lochan bruachan sgàileach  
ach cha bhi 'ad ann mur eil cluasan daonna 'n lathair  
plosgartaich throm an uisge  
fuar  
ciùin  
ach cuspair dall

## IX

“...Tha an t-àm eadar Sargon a h-Aon ’s Alasdair Mòr  
cho fad’  
ris an àm eadar Alasdair Mòr agus an t-àm a tha an làthair, agus  
direach cho fada roimh Sargon a h-Aon  
dh’ fhuirich na daoine ann am bailtean  
fo rìgh Sumerach  
a’ cur an gniomh creideimh  
agus ag àiteachadh an fhearrainn  
a-rèist:  
faodaidh sinn ràdh  
gum bheil leth den ùine a bha siobhalachd ann  
agus gu bheil iuchraichean d’an stèidheachaidhean as cudromaiche gu lèir  
ri lorgadh roimh Shargon a h-Aon”.

“Nuair a thèid còmhla  
àireamh àraidh de dh'aonaid  
hàidrideain agus ogsaidein  
tarraingidh iad a chèile gun spreigeadh on taobh a-muigh  
agus tàrmachaear uisge. Cha tèid againn air saoilsinn  
gum bheil seòrsa ‘bith-uisge’  
a mhiannaicheas an dà eileamaid sin  
air son tighinn còmhla  
agus i fhèin a chruthachadh asta”.

“ ...is e frith-chosamhlachd, is dòcha,  
ach is mathaid gum bheil peanas-bàis a’ toirt air daoine leantainn an aoin rathaid, an  
àite bacadh a chur orra”.

Thubhairt Wong Su-Ling: “Dh’ionnsaich mi Beurla agus chaidh mo theagast:  
‘chì an cat an radan’.

Is cuimhne leam na h-abairtean a dh’ionnsaich mi ann an sgoil mo theaghlaich:  
‘Is ann gu bunaiteach math a tha an nàdar daonna’.  
A rèir coltais chan eil foghla姆 Sasannach cho feallsanachail”.

A thaobh sgriosadh coimhairsnachd *Mhormoin*:  
“Anns a’ bhaile seo tha a’ chlann air a foghla姆 gu math  
agus tha iad fada nas modhaile  
na a’ mhòr-chuid de na cloinn anns na Stàitean Aonaichte.

A dh’aindeoin bochdaine,  
tha iad laidir agus ruadh-ghruaidheach.  
Dh’aidich oifigich na slàinte gu fosgalte  
nach robh adhbhar sam bith aca  
casaid a dhèanamh mun chor chorporra no aigneach den choimhairsnach.  
Bha dragh orra mu dheidhinn na ceiste moralta”.

Cha b’urrainn don Eaglais Chaitligich  
no na h-eilthirich Sasannach ann an Éirinn

sgriosadh cleachdaidhean slàna nan sean uaislean  
     ann an Ulaidh, far  
     rè rioghachadh banrighe Ealasaid,  
     dh'fhàiltich Ó Cadhain Mór fhèin  
     (a b'urrainn Laideann a bhruidhinn cho fileanta  
         ri a chànan fhéin)  
         maithean Bhohemia  
         ann an talla a Aitreabh Mhòir,  
         far an robh e mar chleachdad aige  
             a bhith na shuidhe rùisgte  
             còmhla ri a sianar bhan-uaisle,  
         agus thug e cuireadh do na coigrich a bha air an nàrachadh  
             agus ain-deònach,  
         a chur dhiubh agus a dhèanamh suidhe air an socair”.

Ma bheir neach sam bith ionnsaidh air teagast,  
     Barail no amadeas air bith  
     Is fhiach e a thoirt fa-near dha  
     nach eil e a' toirt ionnsaidh air an duine  
     - no abramaid an 'neach-stèidheachaidh' –  
         d'a chuireadh e as a leth  
         no a tha coireach ris.  
     Is dòcha gum bheil e a' strì an aghaidh  
         an aoin seòrsa amadeas  
         a bha esan an aghaidh  
         agus gu'n do thuit a luchd-leanmhainn  
             a-steach ann  
             air tàillibh leisge  
             no góraiche  
     a-mhàin a chionn 's gun do tharraingneadh an aire  
         do chuspair eile  
         mar eisimpleir, galar sam bith den linn sin  
         a bha feumach air slànachadh air ball.  
 Chan eil e gu cinnteach ceart gum bheil fear-togail bhacaidhean-mara  
     an aghaidh uisgeachadh an fhearaínn.

“Tha Crìosdaidh aig a bheil truas ri neach-saor-smuain  
     a chionn 's nach eil creideamh aige  
         coltach ri duine  
         le guirean air a muineal  
         a ghabhas iongantas  
     a chionn 's gur urrainn do neach eile  
         faighinn beò gun chungaidh-leighis”.

“Dh'innlich Menachmus, oileanach Phlato, foghlam nan earranan cònach  
     mun bhliadhna 350 roimh Chrìosd  
     agus rinn Appolonius agus Pappus  
         coimhliona e.  
 Thàinig e gu ire rè ochd ceud bliadhna.  
 An sin rugadh Kepler a lorg laghan mu ghluasad nam planaidean

a threòraich gus an teòiridh iom-tharraing le Newton  
agus mhìnichheadh a mheacanaig-iarmailte gu lèir  
a-rèir earrannan-cònach.

Mar sin b’iad luchd-rannsachaidh  
eòlais  
gun fheum  
a bha, ann an 1609, nam ‘mnathan-glùine’ aig breith  
na feallsanachd-iarmailte”.

“Thug iomadh sgrìobhadair àrsaidh  
iomradh air  
an lasair a dh’èirigh bho mhullach Beinn Mhosiklos  
air Eilean Lemnos  
d’an robh i na mhearachadh-sùla  
nach gabhadh a mhìneachadh...  
Bha fios aca gu math gun dàinig i  
bho bheinn-theine  
ach rinn iad adhradh don iongantas seo  
mar Dhia  
direach mar a thug na *Parsaidhich*\* adhradh mar Dia  
fad linntean  
do na cuilbh-theine ann am Baku ...

agus tha iuchraichean d’an stèidheachaidhean as cudromaiche gu lèir  
ri lorgadh roimh Shargon a h-Aon”.

\* *Parsaidhich*: Beurla: Parsees.

**X**

Dèanamh na talmhainn

Nochdadh beatha

Sargon  
Alasdair Mòr  
Zamenhof

## XI

Tha a machlag torrach – fàilte ort  
a leanaibh! Tha ar pòr a dhìth air fuil  
ùir; is an dràsda chruthaich mi  
tinne do shèin' na sloinntearachd  
a' sineadh troimh na linntean 's 'treòrachadh  
càit? 's cò às?

Cha tuig sinn ach ar n-uair bheag, neo-shoilleir.  
Fàilte, a choigrich bhig (is mise coigreach dhuit);  
bithidh mi fiù 's nas coigriche  
dhuit leanaibh, air a bheil mo dhòchas-sa.  
Àraichidh mi thu, ann am bròn is aoibhneas...  
Chrùthaich sinn thu am mòmaid boile 's aineis  
(chan e ach tiot' bho chealla do do bhref)  
agus thèid thu air adhart, tràill don chuspair,  
do dh'euchd neo-aithichte, sgalag no reubaltach.  
Creididh tu d'chreideamh fhèin, nì tu do gheimhlean  
's thig thu fo sheun den t-saoghal neònach seo.

A mhic, leig leam, mar d'athair, nochdadadh dhuit  
starran air son do chasan beaga, maoth'  
(chan èisd thu an deidh seo, ri'm bhriathran  
ach bheir mi comhairle dhuit a stiùireas thu.)

Gabhaidh mi cothrom air son m'eanchainn  
a rannsachadh — ach chan eil mac sam bith  
a dh'ionnsaich riamh bho fhiosrachadh a pharant,  
's chan eil còir agam a bhith 'deachdadadh dhuit  
ach feumaidh athair comhairle a thoirt:  
tha duilgheadas dùbailte an seo — cia mheud a dh'ionnsachas e bhuaith?

Chan eil thu riamh cinnteach... 'bheil thu ceart?  
ach tha càch direach cho mì-chinnteach riut.

(Is mise? — gun stàth cuideachd! ach carson  
an dùraig mise comhairle a thoirt?)  
Atharrachaидh tiot' na h-uile, tiot' air tiot'  
air son gach duine; carson casaidean?  
Dè'n seòrsa saoghal seo? — cha d'fhuair mi às,  
Ach feuchaidh mi do chuideachadh  
troimh bliadhnachan, gu ceart no ceàrr  
ach 's dòcha ceart mu dheireadh thall.

Ma dh'innseas mi mu'm bheatha fhèin, an cuidich sin?  
'Bheil rud sam bith a bhios glè fheumail dhuit?  
An dh'ionnsaich tusa bho mo mhearachdan? —  
Ge-tà — nì tu do mhearachdan beag' fhèin.

Cruthaichidh gach neach beò a shaoghal fhèin,  
nì e a laghan fhèin – d'am bidh e umhail.  
Cha tuig sinn dad gu buileach. Nuair a ghin  
mi thu, gun fhiosta dh'atharraich an saoghal.

(A Rabairt, 'Pheadair, 'Cheit, na dh'fairich sibh  
crith-thalmhainn mar seo? crathadh an lair?  
O gabh mo leisgeul, 'mhic, tha mi gun stàth,  
gun fhacal is gun eòlas, 's mathaid leamh;  
thig, agus bheir mi gràdh dhuit, bheir mi dòn  
gus al là nuair a gheibh tu d'rathad fhèin

Troimh na priomh-choilltean chualadh fuaim.  
Stad duine primideach gu h-amharasach.  
Dh'fhalbh an laghairt mhòr; tha diathan-coille  
feargach agus eudach ris an duin'.)

Choimhlion sinn an cuspair. Tha smùid a' falach speur.  
Chan eil beatha dhaonna ach caogadh anns an domhan,  
tinne lag ach righinn anns an t-slabhraidh mhòir;  
chan fhaic sinn crìoch aice, oir chan eil crìoch ann,  
ach lorg sibh a làthaireachd, o chlann an duine laig!  
Sèididh gaoth fhuar a' gheamhraidh ur luaithre àrdanach...  
crionaidh anns an fheasgar gucag na maidne moch,  
bàsaichidh am pearsa, ach mairidh 'r cinneadh fhathast.  
Tha uaireadairean breugach 's na leakan anns a' chladh  
Is tha ar nàdar meallta  
nàdar agus reusan.

## XII

Bha Newell ceàrr: chan urrainn eadhon ceann reul-eòlaiche  
cumail an domhan gu lèir (ged 's ann grinn a tha am beachd,  
chan eil e idir ceart, a chàirdean càra)

is Golgota a' bheatha. Dà chrann-cheusaidh  
gu dearbh, dh'fhòghnadh aon a-mhàin  
*Plus ça change*  
SAL BER YON ROSH

sgaoilidh a' mhadainn air an talamh fhionnar  
air leabaidh-phòsaidh braith-lìn tana, lag  
*plus c'est la même chose*

crathaidh am bearradh agus sgàinidh tuiltean  
dòirtear an t-uisg' air boile troimh an toll  
tilgear clachan mòra anns a' chop  
sracaidh e croinn  
ma dhallas eagal thu 's ma theicreas tu  
bàthaidh tu, 's tu a sgiamhail don ghealaich ùir  
ach ma sheasas tu, a' strì le eanchainn soilleir  
a dh'aithghearr thig am fèath  
is fàsaidh am fearann nuadh 's torrach  
agus sa ghleann seo gheibhear raoin ùra  
gheibh tu eanchainn soilleir agus misneach  
gheibh tu dearcan agus salann

'agus mun cuairt nan cnàmhan laighidh  
a' ghainmheach mar chiste-laighe'

bha e deich bliadh'n' ar fhichead nuair a shealbhaich e  
Deligun Bulkuk, faisg air Onono  
Gun dàil b'fheadar dha strì an aghaidh nàimhdean  
Daonnan gu soirbheachail, fiù 's an aghaidh Wang an Cumhachdach  
(seadh, an dèidh bliadhna anns an fhàsaich – bliadhna fhalaime)

thionail e arm is ruaig e Wang an Cumhachdach

is mar sin fhuair e bho na Uiguir Thurcach  
laghannan, aibidil is tùs na siobhaltachd

an sin dhiùlt e càin do rìgh mòr Kin  
pàilleanan dubha, smùid nan teintean ruadh  
dannsadh is gliong pràiseach innealan-ciùil  
tha'n smùid a' falach speur'  
donnaid, dairirich ladhran nan gearran, fuil  
glaodhan a' sracadh speura buillean, buillean

òighean ag acain ann an gairdeanan coigreach  
tòchd na saill' brèine  
agus anns a' mhadainn  
dhìollaídich iad na gearrain agus mharcaich iad air falbh

thuit Otrar, agus bliadhna 'n deidh sin thuit  
Sichnak is Choiend, Bukhara 's Samarkand

tha 'n smùid a' falach speur

agus bho mhullach tùr na daingniche  
thilg i ise fhèin agus a clann a-steach don fhùirneis  
is loisg iad uile anns an tein' gu siorraidh  
tha iad a' losgadh fhathast  
agus bidh a-uile anam ach daoine d'ar creideamh fhèin a' losgadh

bhàsaich còig millean anns a' chogadh sin  
agus dh'acain òighean ann an gairdeanan coigreach  
ach cha robh iad deònach a bhith 'dol don nèamh  
Fad trì bliadhna bhual plàigh an tìr  
agus cha deach leth den mhuinntir don nèamh  
oir bha na deas-ghnàthan a dh'easbhaidh

(uaighean coitcheann)

daoine buidhe deas air Loch Baikal

tha a' ghaoth a'sèideadh bho chèile dust nan gearran gasta  
sèididh dust nan gearran gasta a' ghainmheach  
mic buidhe Adhaimh deas air Baikal  
uime sin sgoilt a' chealla pheacach  
tha pantar dubh leisg ag imlich spòg  
tha crupadh-fèithe a' gintinn fo phàillean ròmach  
pian acain an-iochd crupadh-fèithe

agus an dèidh sin?

o Mhimi, Mhimi  
a bhàsaich leis a' chaitheamh  
an glan fulangas an t-anam?

tha fulangas a' ceusadh  
dà chrann-cheusaidh

chan eil a' bheatha ach priobadh sùla

### XIII

“Tha Dia cho mòr nach tèid againn air a mhineachadh.  
Tha Dia cho mòr nach deònaich e a bhith co-cheangailte ruinn,  
smùirnean daonna ris an canar daoine  
Leasachadh ar sàr-chomais agus ar gràdh:  
is e seo an t-aon chreideamh a tha firinneach.  
Ar dòchas:  
sonas ar sliochda.  
Ar n-earbsa:  
gum bheil comas aig an duine a dh’fhàs foirfe.

Tha Dia a’ ciallachadh rìgh  
is riaghladh an creideamh  
is laghan gnàth-theagast an creideimh  
is freiceadain na sagairtean,  
cìs-mhaoir  
tha na daoine a’ lùbadh glùin  
agus a’ seinn laoidhean ann an eaglaisean  
mar duine allaidh  
sleuchdte air beulaibh rìgh-cathrach.

...anns an dara linn  
thubhairteadh ris na Crìosdaidhean ann an Iudea  
a lean gu dlùth ri nòsan agus creideamh  
an dà Abstol dheug  
gu’n robh iad nan saobh-chreidmheich.

Chan eil ach aon Dia  
Agus corraich air ris na daoine  
oir cruthaich e iad.  
Chuir e a aon-ghin Mhic  
do chùil ann an Siria:  
air sàillibh muirt a Mhic  
mheudaich a chorraich.  
Cha phianaidh e gu sìorraidh  
a h-uile anam a chruthaich e  
caomhnaidh e aonar  
às gach millean.  
Ìmpire an nèimh!  
Tighearna nan àirdean!

Air gach dòigh tha e cumhachdach,  
tha e a’ sabaid an aghaidh nan ceannairceach  
Air gach dòigh tha e tràcaireach,  
tha e a’ leigeil le anaman nan daoine  
a bhith air am buaireadh”. \*

Agus thubhairt e:  
Bu choir do dhaoine a tha a' strì airson ceartais  
agus a tha a' miannachadh a bhith beò rè ùine  
a ghabhail gnothaich  
ri beusan priomhaideach a-mhàin  
gun 'bhith beantainn ri gnothaichean sluagh-iùlach.  
A bharrachd, thubhairt e:  
ma chuireas sibh daoine gu bàs  
agus sibh a' saoilsinn  
gu'n cuir sin crìoch air càineadh  
de bhur dhroch ghiùlan,  
tha rud-eigin ceàrr air bhur comas-reusanachaidh. \*\*

\* Bho The Martyrdom of Man le Winwood Read.

\*\* Bho *Apologia* Shocrates.

## XIV

Cha d'fhuair sinn, tùsairean nan slighean-fànais,  
Iuchair no map, ach tha 'r long atamach  
A' greasad san fhànas aig astar solas rèil  
Troimh àibheis dhomhainn an domhain  
A dh'ionnsaidh grèine eile.  
Dhuinne, chan eil là a' leantainn latha, no oidhche  
A' leantainn oidhche, oir an taobh a-muigh  
Chan eil ach dorchadas bith-bhuan, agus  
Tha solas dealain a' dèanamh atharrais  
Air là, gun tùs no èis. Tha mìosachan,  
Uaireadairean, is suain a' call an seagh.  
Chan fhaic sinn an ceann-uidhe; eugaidh sinn  
Mun stiùir ar sliochd-na ann an reul-chuairt ùir  
An long a tha na saoghal dhuinn a tha  
Nar dilleachdain bho rian na talmhainn.  
Amaideas? Seadh, ach tha sinn air ar sporadh  
Le àmhghar cheistean air nach d' fhuair sinn freagairt  
Ach bitidh freagairt ann; is tha sinn air ar spreigeadh  
Le easbhaidh cinnidh acraich, buaireasaich  
A meudachadh gun stad, agus a' glàmadh  
Phlanaidean mar a glàmas locaist raointean.  
Teichidh is sealgaidh sinn, is ruaigear sinn  
Siridh sinn speur, ach tha na speuran  
Falamh, is aig an aon àm loma-làn.  
Mairidh ar clann mar thoradh air ar bàs;  
Coimhlionaidd sinn ceann-uidh' nach faic sinne.

Bha cladach ann, siosarnaich chiùin nan tonn  
Mar fhuaim fad às. Chroch gràinnean gainmheich  
Air mo throighean, mo throighean beaga  
Lean salann ri mo chasan bigeach.  
Lòn an sàl lorgan mo chasan,  
Cha do ghabh neach pàirt nam aonarachd.  
Laigh sàmhchair air a' gheò mar thrusgan sioda,  
Chluich mi nam aonar, neo-ar-thaing, gu sona.  
Dh'èirich na creagan àrda air a' chladach,  
Dheàlrach a' ghainmheach bhàin gu ruige faire  
Tana mar cheathach, air an fhairge liath.  
Ud thall tha Canada, dh'innis iad dhuinn  
Uair a bha ann. Cuin? Roimh no an deidh na mòmaid?  
(Ud thall tha Ithaca.) Samhraidhean sèimhe  
D'ar bliadhñachan òga uile, speuran sìorraidh!  
Gidheadh tha tiotan nàrach daonnan ann:  
'Dè', dh'fhaighnich guth Gàidhealach malda,  
Anns a' bhùth air feasgar suaineach sàmhach,  
'A chanar anns a' Bheurla rud a tha  
aig caileagan an seo? — Gu fortanach

Thàinig brathair an athar a-steach an sin.  
Agus is cuimhne leam, 'san t-samhradh ud  
Chaith mi mo chiad toitean. Dè thug e orm?  
Ach fhathast tha a' mhuir a' dèanamh siosarnaich  
Is tha an gille aonarach òg  
A' cluich na aonar, sona air an tràigh.

A-muigh na reultan foluaimneach. Aig astar solais  
Triallaidh sinn tro'n fhànas, ach se mar  
Nach robh sinn a' gluasad, is sinne beag mar dust,  
Far an do sguir an tìm, bun-bheachd an duine.

## XV

Thuit geat' a' bhaile, ruithibh, ruithibh!  
Ach cait' an ruith sinn? — Coma leibh, ach ruithibh!  
Tha'n oidhche dorcha, tha na beòil a' plosgadh,  
tha daoin' a' sgapadh is ag èigheach,  
a' tuisleach is a' putadh air an t-sràid.  
Tha oillt a' rioghachadh, eagal air gach neach  
's na h-iobairtich gun dòchas is gun stàth:  
shaltair an ànmh air nead nan seanganan  
is theich na seanganan am breisleach dall!

Tro'n gheata bhriste rinn na nàimhdean roid  
le iolach, a' sàthadh anns an strì.  
Buaidh! Fo dhaoraich fala, casgairt' 's creich'  
agus le buaidh-chaithream roimh a' bhlàr.  
Theich an luchd-diona, gun dòn,  
tha ceannas aig an ànmhaid le a neart.  
Siuthadaibh! 'Chompanaich, oir bithidh sibh  
a-nochd a' sàsachadh ur n-ana-miann,  
'Mhadaidhean-allaidh daonna, plàigh an t-saoghal!  
Tha boireannaich a' crùbadh, tinn le oillt,  
na fir a' speuradh, briste, nàraichte.  
Tha màthraighean ag acain, clann a' gal,  
is anns gach àit' tha sgaothan murtachail.  
Thatar a' guidhe anns gach eaglais  
gu diomhain, tha 'ad a' crathadh is a' crith.  
Tha coinnealan a' priobadh mu na cuirp.  
B' fheàrr leinn gu'n tigeadh bàs no buaidh dhuinn!  
Tholl iad na baraillean is shluig iad sìos  
mar bhrùidean fion a' stealladh air an làr.  
Tha gnùisean sùitheach teine-shoillsichte.  
Ho, gabhaibh brath, a bhràthraighean a'nis —  
Creachaibh is èignichibh gun bhac, gun chasg!  
Carson an làimhsich sinn ar ànmh gu caomh?  
Dhèanadh iad fhèin an aon rud ann ar n-àit'!

Shealg is dh'èignich iad na mnathan,  
spàrr iad 'ad gu torrachas anabaich.  
Sracadh na naoidheanan bhàrr an uchd  
is shàthadh iad air bioraibh is stob.  
Cha bhàsaich iad gu grad ach chràdh  
fir bhararra corp is eanchainn.  
Thruaill iad altraicheadh eaglais',  
(sa mhadaidh mhol iad Dia air son buaidh').

Mu dheireadh thàinig là is foillsicheadh  
fàsalachd agus làraicheadh san làr,

srann air na buadhairean (an cadal trom)  
nach eil cho dàna no cho beothail a-nis.  
An àibheiseach an sgeul? An àbhaisteach?  
An cuimhne leat, a dhuine amaidich  
An cuala thu gu leòr de bhrùidealachd?

*Ach thachair e mile àm, am mile àit'*

Smaoinich mi air an rathad an Nagasaki  
far a chrùb daoine, loisgte, fionnte, fann'  
do-aithnichte on mhòmaid uamhasaich  
nach leasaich ach a dh'atharraich an saoghal.

Smaoinich mi air, oir tachraidh e a-ris  
an ainm maith 's ar dòigh-beatha móir',  
a' mhòmaid oillteil sin a chuir gu bàs  
uiread d'ar bràthraighean, co-chreutairean.

Is leanabh an duine  
agus mar leanabh chi e  
a-mhàin na tha air bheulabh  
a shùilean fhèin.  
Tha an duine òg  
agus mar leanabh  
thuigidh e a-mhàin  
na dh'fhiorsaich e fhèin .  
Is leanabh an duine  
neònach agus claoí:  
nuair a thuigeas e  
bithidh e na òigear.

Bàsaich, ma-tà is bithibh damnaichte!

(Is eaglach e: rugadh am bruadar  
mun robh am feumalachd follaiseach;  
dh'fhuasgail aon eanchainn daonna duilgheadas  
nach robh an aire fhathast gu coitcheann –  
is an aon fhacal, bha am fuasgladh ann  
ged nach do mhothaich iad an easbhaidh sin,  
ach an an tiota nuair a dh'aithnichear  
an feum, bithidh am freagradh deas).

Am faigh sinn dòchas beag an seo, ma-tà?

SAL BER YON ROSH

an cuspair

deiseil

## XVI

A chionn 's gur subhailceach thu,  
nach bi aran-milis tuilleadh agus leann?  
*Timor mortis tuae conturbat me.*

Thàinig na sagartan a-mach le greadhnachas,  
iteagan, iobairt, trombaid, ùrnaigh 's tùis;  
rinn 'ad air beulaibh sluaigh deas-ghnàth mòr  
freagarrach air son fèille,  
latha naomh.  
agus san ionad margaidh bhris 'ad ceann  
an eiriceich nach chreid gu'n robh an cruinne  
cruinn, agus dh'aontaich sagartan ri seo  
ged a bha fios aca gun robh e cruinn.

Tha *Esperanto* simplidh, furasda:  
*Mi estis multe gójigita trovinte ĝin esperantigita*  
(“Bha mi glé thoilichte nuair a fhuair mi e air *Esperantaicheagadh*” )  
Is urrainnear bùrach 'dheànamh às a' chànan chòir

An deidh a' chogadh thill e air ais do *Warsaw*,  
chan fhaca e a theaghlaich-sa a-ris,  
dh'fhurtaich e fhèin le bhith a dh'eadar-theangachadh  
an euchd-dhàn nàiseanta, is chaochail e  
air beulaibh uinneig stòras leabhairicheadan

*agus tha iuchraichean d'an stèidheachaidhean as cudromaiche gu lèir  
ri lorgadh roimh Shargon a h-Aon*

(*Is mairg mo dhuan; thug iad ionnsaidh air:  
na Caitligich agus Pròsdanaich mar-aon!*)

Dh'fhaighnich am ministear, “Cia mheud a chosgas an leabhar?”  
Fhreagair iad: “Deich ginidhean”.  
“Ma-tà, chan adhbhraich an leabhar ar-a-mach”.

*Air fàs domh am dhuine, chuir mi na nithean leanabaidh air cùl –*

Cha robh sin fior mun ùghdar idir.  
Dà mhile bliadhna an deidh Chriosda  
(ceithir mìle an deidh Shargoin)  
mharbhadh dà mhillean deug de dhaoine  
le gas anns na campaichean-bàis

am bheil an saoghal sean?  
am bheil fiosrachadh a' teagast?  
...ach ann an domhan eile  
ní sròn eile sreothart  
leis an aon cnatan.

Is ann oillteil gu h-àraidh a tha an col – Carson?

Thruailleadh corp. Casaid – Carson?

Is airgead slat-thomhais – Carson?

Carson?

Aithnichear na daoine damnaichte leis an lachan-gàire.

Tha ghaoth a' lùbadh cruithneachd, 's a' ghrian a' teòthadh,  
tha coille fhionnar na cadal air culaibh  
faisg air cnoc, ri taobh aibhne lùbaich.

Rionnag, samhlà an dòchais,  
uaine mar chruithneachd!

Saoghal sàmhach, far nach dèan duine gleadar

O cruinne àlainn, a tha 'n duine a' sgriosadh

Plàigh an domhain

a' Chaitheamh den talamh

Sgimilear colainn na cruinne-cè!

## XVII

'S mise an dà chuid damhan-allaidh agus cuileag  
    agus nam eanchainn fhèin tha mi a' sealg;  
ach nis mar thoradh air mearachdan mòra, dalla  
    tha mi a' falach eadar ainmear agus gniomair.

Cha d'thug mi dhuit ach làire agus pian  
    thoir mathanas dhomh  
is caomh leam thu ach cha do dh'innis mi  
    thoir mathanas dhomh.  
Bhruadair thu orm ach cha choimhlion mi  
    am bruadar, is na àite shuidh mi  
a' sgriobhadh rannan air clò-sgriobhadair  
    ann an cànan fuadain nach robh  
    aithnichte — thoir mathanas, a ghràidh.  
Nam b'urrainn dhomh a nise, roimh mo bhàs  
    mo chùl a chìreadh, tuireadh bàis a sheinn!  
ach dannsamaid, 's ann allaidh a tha an danns':  
bu mhath leam a bhith beò gu crìch a' chath'...  
    Bu mhise fear *Phek* an uaimh an Sìna  
    agus an deidh na h-ùine sin  
fo'n ghrèine chuir mise fallas an an Èiphit  
    dh'ith mi, is chac mi, agus rinn mi feis  
...is cha robh aithnichte na thachair roimhe, oir  
    dh'fhàgadh air gainmhich na fàsaich  
    clraigean...

Smaintean coin, is mise fhèin an cù;  
    Tha e ro fhadalach 'son aithreachais  
Le sàthadh lannsa bhàsaich thu air ball.  
    Ach cha robh fios agad, is cha tèid a'm  
an sgeul a dh'innseadh 's mi an impis bàis.  
Is mise mi, mar 's gainmheil a' ghaineamh.

Fad mo bheatha shad mi gual  
    le sluasaid an fùirneis mhòr  
ach chan eil phiosam dè b'e feum  
    sa fùirneis, ach is coma leam.

cnàmhan  
muir  
làmhan  
tiùrr  
bàigh  
cobhar  
plàigh  
lobhar  
feis

As d'aonais tha an latha ràsanach,  
's an oidhche chuir mi fàilte air Orion  
's mi 'faireachdainn nach robh mi ach leth-dhuine:  
a luaidh, tha mo gràdh ort na bheò-ghlacadh!  
*"Is ise mo bhean-uasal, mo gràdh"* –  
ro shìmplidh air son m'eanchainn ro bhochd:  
ho, càit am faigh mi furtachd ann am chor?  
Nad ghàirdeanan, a-mhàin, fon ghealaich chaoin ...

Tha timcheallan na beath' a' dol mun cuairt:  
ag obair air son ith, 's ag ith 'son oibre;  
a' sìreadh iomadh-fhillteachd saoghal nan daoine  
meudachadh a' phòir is beath' a' phearsa.

## XVIII

Earbsa a-mhàin? – Chan eil sin ceart, oir tha  
beartan ga thaobhadh, oir is rud air leth  
an cànan, cruthaichte le coimhearsnachd,  
atharraichte leis an àrainneacht 's an tìm.

Chan eil an t-àm seo abaich, ach tha dream  
a' faireachadh na h-easbhaidh mar a tha  
is gheibh an easbhaidh fuasgladh an uair  
a dh'aithnichear. Tha comas aig an neach  
a mhiannaicheas e gu dian.

Agus cho fad's a tha an easbhaidh ann  
's urrainnear 'cur an cèill ('s chan ann le dàil) –  
is faodaidh mise cuideachd cuideachadh.  
Seo aisling èiginneach, is manadh fior.

Bha fios aige, gu cinnteach, “an deidh linntean” –  
*ars longa...ho, tha ar vita brevis;*  
cha mhair e ach cho fad' ri priobadh sùla,  
's chan eil e ann ach ma tha lèirsinn ann.

Is gach aon nì an lèirsinn, agus misneach:  
tha bruadar aig tì danarra a-mhàin.  
Caillear na miltean le claoen-bhreith is dubh-mhàl  
Gach là gnàth-chùrsa agus cumhangachd.

Bha fios aige gu cinnteach. Agus earbsa  
agus le earbsa charaich e na beanntan  
Miorbhail? Ò cha b'i; thàinig na feartan còmhla,  
is rugadh màireach on àm a bha'n làthair..

“...on àm sin cha robh nìthean mar a bha iad.”  
cuidteachadh dream bheò-ghlacte 's daoine neònach,  
aon dùbhlan deireannach do bhàs an duine  
(an gàgail chèin den lach fhad-earballaich).

Aon rud nach dh'aithnich e 's na làithean dorcha  
an Warsaw nuair a bha an cogadh ann;  
ach, och! Tha e ro fhadalach a bhith duilich  
an uair a tha na disnean tilgte.

Thàinig, mar eisimpleir, na feartan còmhla  
sa *Proverbio*, is gu fortanach,  
nochdadhbh gu pongail, cinnteach agus simplidh  
na sia riaghailtean deug den chiad leabhar.

Am bithidh *rigor vitae* fhathast a' bagairt?  
Cha bhi cho fad's 'tha easbhaidh aig an t-saoghal.  
Chan e cluich anns an seòmar-sgrùdaidh  
nì a bheir toileachas don sliochd ri teachd.

An rud a beirear ann an clearcall-teaghlaich  
am millean dachaидh, treubh is choimhearsnachd  
a' teachd ri chèile thairis air na crìochan,  
's a' fàs le dèanamh, bathar, ceannach 's reic:  
  
cruthaichidh seo an aonachd is cha bhàsaich  
a chaoidh ar meanbh-chànan dilleachdach  
(co-dhiù a cheannsaicheas e 'n saoghal no 'chaochladh)  
cho fad's a sirrear tuigse eadarainn.

Gu ìre bhig fo eagal ...fios gun fheum ...  
nàdar an duine on tùs töiseachaidh  
*Alea iacta* chaidh an bòstadh seachad,  
feumaidh sinn dol air adhart gu leanailteach.

## XIX

Bhan-òsdair Shirianach, le falt ceangailt' le rioban  
A'dannsadh do ruithim nan gliogan 's do chruachain a' crathadh,  
a' dannsadh gu drùiseil, air mhisg, ann an tàbhairn làn deataich'  
a' bualadh ruithim a chiùil le luasgadh meallta nan uilnean.  
Ciod e an tairbh a bhith gad shlaodadh tro'n stùr anns an t-samhradh  
Nuair a b'urrainn dhuit laigh' air do shocair air langasaid leathan?  
Seo cupannan, cuachan, crog, ròsan is cuislean-ciùil,  
seo sgàil-thigh duilleagach fionnar, còmhdaicht' le cuilcean.  
mar anns an uaimh aig Pan, cluinnear an ceòl binn is milis,  
seinn na pioba a-rèir cleachdadh àrsaiddh na dùthcha.  
Gheibh tu am fion finealta fionnar às baraille bìtheach,  
cluinnidh tu crònán an alltain a' stealladh agus a' plubadh.  
Agus an seo gheibhear fleasan cùbhraidh sail-chuaich is cròich,  
ròsan is mealbhag fillte an coronan craobhach.  
Cuideachd tha lilidhean bàna spòinte bho aibhneachan òigheil,  
a thàinig am bascaidean uaine an diugh bho Achelous cliùiteach.  
Agus seo agad càbagan càise sàillte an cliabhan saileig,  
's plumasan milis air abachadh le adhar tioram an fhoghair,  
measan den chrann geanm-chnò, agus ùbhlann dearga sùgach:  
an sin 'se rioghachd nan dia; Ceres is Bacchus is Cupid.  
Gheibhear maol-dhearcan ruadh agus bagaidean dhearcan-fiona,  
Tha cularain uaine abaich' a' crochadh an liontan luachrach.  
Seo neach-cùraim an abhaill armaichte le corran seilich;  
Cha chuir e eagal air neach le meud a bhuid no a chorran.  
Thugainn, 'fhir-thurais, ma-tà, tha d'asal bochd bàthte am fallas;  
dèan trocair dhi, oir is caomh leis a bhan-dia asail!  
A-nis than a geollain gleadhreach a' seinn gu àrd anns an doire;  
Agus na laghairtean leisg a' shreadh sgàil' fionnair fon duilleach.  
Bhitheadh e túrail mar sin a bhith 'bàthadh do phathadh am fion —  
ach 's dòcha gu'n robh e nas fheàrr a fhaicinn an cupannan criostail!  
Nach eil e taitneach a' laighe an seo fo na fionain 's na craobhan  
agus mun cuairt do chinn a bhith filleadh fhleasgan de ròsan,  
's a buain bho lipean do ribhinn fogharadh phògan mar mhil!  
(Mallachd d'an t-saobh-chràbhach ud, mùgach le malairtean gruamach!)  
Oir cia mheud buidheachas gheibh tu bhon luaithre air son do fhleasgan?  
Fion! Is thoir dhomh na dìsnean! Na smaoinich air an là maireach:  
Tha aog a' cagar nad chluais: Meal an là, *táim a' teachd!*\*

HOC FECIT VERGILIUS.

\* tha mi a' tighinn (sean chàinnt bhàrdail).

## XX

O'm thàir thig toileachas; oir cò  
am fear a tha fo eagal roimh an rud  
a nì e tarcais air? (Tha mi a' ciallachadh  
an rian, an rian gu lèir.)

Ach feumaidh sinn a chumail, oir tha dragh  
air eòlaichean – is lorgaidh sinn co-dhiù  
rud-eigin nas fheàrr, is their mi riut:  
is mise duine math is dicheallach —  
(*is e an saoghal mo sgire*) —  
Tha còir agam gach sochair a bhith agam  
agus mo thaigh a lionadh le gach stòr  
(agus tha còir agam air taigh)

*Pong agus Crioch.*

Chan tèid agam air airgead a strùidh.

Airgead a struidh? — do-dhèanta.

Dhèanainn lagh an aghaidh struidhealachd.

An-dràsda nì mi tarcais. Air mo dhòigh.

Airgead — mearachadh a-mhàin —

*Panem et circenses*, agus tha

Cinn-fheadhn' a' phobaill fhathast a' dèanamh foill'  
Carson nach dèan iad rannsachadh air eachdraidh?

Chan e leasachadh an t-adhartas  
is timcheallan an t-adhartas

Cha teagaisg iad le deòin bun-bheachdan dhaibh.

Dh'fhiach e ri'm iompachadh gu *Zen*;

Cha b'urrainn sealladh dè a' buannachd

(Cuimhnichidh Iain air ball na h-Inseannaich:  
's cha b'urrainn dha dearbhadh na h-uachdarachd  
de'n Chriosdalachd')

Tha mi a' gàireachdainn mar a tha.

Tha mo dhàn lom, gun chuilbheartachd.

Chrùthaich Aruru, a bhan-dia Enkidu  
on eabar, air son bhith don dhia Ninurta  
(triath a' chogaidh) na mhac-samhail ùr  
Rugadh Urizmag air grunnd na mara, agus  
Rug òigh Batradz ann an caisteal àrd.

Anns a' còta stàillin sin tha mac Shigmuind a' seasamh,  
chan eil e ach leth-là a dh'aois, is tha an là a' briseadh;  
tha a shùilean teinnteach cho geur ri sùilean iolair',  
caraid mhadaidhean-allaidh; nì sinne gàirdeachas.

Bhac Enkidu an dorus le a throigh;  
do Ghilgamish cha d'thug e cead a-steach.  
Shrannartaich e mar tharbh agus ghleac e:  
sgoltadh an talamh, agus chrath na mùirean.  
Nuair a shrannartaich e mar tharbh agus ghleac e,  
sgoltadh an talamh, agus chrath na mùirean.  
(Alaman Bet ann an aitreabh Khanishaya...)  
èignich mo chridh' mi, bhuadhaich mo làmh-sa;  
bhuadhaich mo chlaidheamh treun, mòr, geur is deàlrach.

Aon là smaoinich Batradz mar a leanas:  
“Tha cumhachd agam ach tha'n còrr a dhìth orm,  
barrachd na tha aig curaidh làidir, buadhach.  
Is feàrr dhomh direadh suas do na speuran,  
Gu direach thèid mi suas do Khurdalag  
is iarraidh mi air mo chruadhachadh!”  
Chaidh e mar sin gu Khurdalag.  
Chaidh e don chèardaich anns an speur.  
“A Khardalag, a ghobha 'nèimh!  
Tilg mi ann ad fhùirneis theth  
is cruadhaich mi”. – “Na smaoinich air”,  
arsa an gobha. “Ò na miannaich sin;  
sgriosaidh an teine thu, bu truagh sin,  
oir daonnan thug thu taitneas dhomh”.  
“Ach tha mi feumach, Khardalaig!  
Tha mi a' guidhe, cuidich mi.  
Cruadhaich mi anns an fùirneis theth!  
Cha leagh do theine mi, a chaoidh!  
Carson a tha thu 'magadh orm?  
Ach tha an tide fada dhomh;  
Thoir dhomh mo chlàrsach 's cluichidh mi!”

“Nis tha mi cruaidh! Sguir a-nis!  
Gabh mi a-mach; sad mi sa mhui.”  
An sin thug an gobha nèamhaidh teanchair mòr  
Is shad e e air ball a-steach sa mhui.  
Chuir a' mhui suas cop is builgeanan,  
ghoil agus dheataich uisge às a' mhui,  
is an là sin thiormaich suas a' mhui.  
Dh'fhàs colann Bhatradz cruaidh mar stàillin ghorm.  
A-mhàin a ghrùthan nach ghabh 'chruthachadh:  
cha do bhean uisge dha, oir dheataich e.  
Nuair a thàinig Batradz às a' mhui  
lìonadh a' mhui le sàl a-ris.

An cuimhne leat cuin a dh'òl sinn meadh,  
air being rinn sinne còmhradh 's bosdalachd.  
Gaisgich talla bho na cathan garga:  
bithidh fios againn cò tha misneachail.

Cò mheasas *Bòcain agus Troichean* —  
an teacsa torranach, am masladh —  
ma leughas neach e eadar còmhdaich,  
gun ghàire faodar àibhseachadh.

## XXI

Beachdaicheamaid air cùisean: 's ann do-sheachanta  
a tha treas cogadh anns an linn seo againn;  
air son a sheachnad, tha *nì ùr* a dhìth oirnn,  
chuala sinn saobh-fhreagairtean, baoth-sheanachas.

Deich bliadhna an deidh dì-cheannachd rìgh  
thill a mhac òg is thòisich na h-uile a-ris,  
an deidh deich bliadhn' air fhichead de chogadh  
dh' fhàn cor an fhearann mar a bha e.

*...plus c'est la même chose.*

(tha *iuchraighean* d'an stèidheachaidhean as cudromaiche gu lèir  
ri lorgadh roimh Shargon a h-Aon.)

DO-SHEACHANTA oir cha do dh'atharraich dad.  
Cò, ach euslainteach-inntinn, chuireadh a làmh  
ceud uair a-steach san aon teine? —  
(Cha dhèanadh eadhon páisde òg an sin) —  
...X, Y is Z, oir tha iad fhathast a' creidsinn  
ann an uachdarachd an cùmhachd nàiseanta.  
Cha eil iad às an ciall,  
a-mhàin gun fhoghlam.

Duslach, duslach Phersia. Ri taobh an rathaid  
tha bean an aodach dubh a' chrùbadh,  
le leanabh aig a bheil a shùilean  
còmhdaichte le sgaoth de chuileagan.

A bhith faighinn rud sam bith gun oidhirp  
a bhith faighinn ealain gun oidhirp:  
se seo an galar.

Duslach agus teas glan, bruthadh gréine,  
an sin chaill mi bròg ach shàbhail mi mo bheatha,  
loisg am peatrail, ach cha do spreadh na peilearan,  
is dh'òl mo chompanaich mo leann.  
Tha mi a' fàs aosda; tha an cianalas orm  
air son nan làithean tioram is fearann Afraca.  
Chan eil e dearbhte gum bheil an aois ionmholta.

Bha snaigheadair ann (dh'innis mi mar a tha) —  
Snaigheadar a bha ionmholta,  
agus thugadh duaisean dha:  
“cha mhòr nach robh a ionhaighean a' tarrainn analach”  
ach a dh'aithghearr chronaicheadh e  
dhìeadh e gun tràcair —  
a chionn's gu'n do dh'uidheamaich e ionhaigh  
fhireannach le bod, a-rèir an nàdair.

*Ma tha iuchair ann,’s i: carson  
no gu simplidh: ?  
ro nàdarrach*

Mhèilich e: Cha eil e gu diofar; is sàr-ghin e,  
Is dòcha nach sgrìobh e tuilleadh leabhar eile,  
is dòcha gum bheil e ag iarraidh airgid air son dibhe ’s bhan;  
ach is e uair a-nis air son tabhartas a thoirt do na sàr-ghinean;  
tha sinn a’ toirt tuilleadh sa chòir do dhaoine bùirgeiseach, beusail.

Mar Mharduk bha e an ceann ionnsaigh buadhaich  
de dhiathan an aghaidh ban-dia Tiamat  
a’ Bhan-chruthaighear  
aig a bheil Dràgon na Mara mar suaicheantas  
no mar Cholumbus a rug Ugh na Cruinne  
Tha na Cheruban mun Rìgh-chathair Dhè  
air an amaladh gu teann  
ann an glac collaidd  
(cha ionnsaich thu seo ann an sgoil-Sàbaid.  
Is toibheum e farpais a dhèanamh  
eadar Dia agus a chruthachadh  
(mar ann an ùrnaigh air son uisge)  
Uisge?  
— tha thu eòlach air uisge mar a tha, a Nikolai!

Mhol am ministear (Tòraidh) an gliocas  
de cheannardan nan aonaidhean-ciùird, ceannardan a’ phobaill  
ach cha d’thug na h-obraighean feart air  
(sìorraidheachd ann an grainne gainmhich, nach e, a Uilleam?)

*Cha Chomannaich ceannardan nan aonaidhean-ciùird  
Chan iad  
na ceannardan-ciùird.  
Carson an gabh mi gnothach ri poilitigs? –  
Chan eil mi a’ gabhail suim do phoilitigs,  
Tha suim agam ann an leanabas a’ chinnidh-dhaonna.  
A leughadair, tha geamhradh ag atharrachadh gu foghar,  
tha duilleagan a’ leantainn ris na sràidean fluiche, ris na claisean.  
Thig an oidhche gu tràth, tha an oibriche a’ saothrachadh  
gu laighe na grèine; chan fhaod e fàilteachadh na grèine...  
Tha seòladair air mhisg a’ seinn às a’ ghleus...  
Tha mi a’ sireadh...  
mo leannan...  
fad’s a tha bus a’ triall le siosarnaich tro’n oidhche.  
...daoine meallta bochda!  
aonadh-ciùird ceàrr!*

*Na bitheadh dè sam bith eile agad am làthair-sa.  
bàsaichidh tu mu dheireadh, a mhic àrdanaich.*

Cheana tha an òigridh a' labhairt mu chogadh nuadh,  
agus an fhuil fhathast fliuch air ar làmhan:  
an deidh Linn Dhè thig Linn nan diathan.  
Tha bom' ag atharrachadh uisge gu searbhaig

A bheil fiosrachadh a' teagasg? —

air ur gràinne diblidh duslaich air oir an domhain  
snàigidh sibh, a sgimilearan na cruinne-cè...

cha mhair aon chuid sibh no mi gu abachadh  
gabhaidh sin millean bliadhna.

*Oir ann am mòran gliocais  
tha mòran doilgheis;  
agus an tì a mheadachas eòlas,  
meudachaidh e bròn.*

*Agus chan eil barrachd aig duine air ainmhidh.  
...seadh fathast, ged shaoil duine glic gum faigh e eòlas oirre,  
nach urrainn e a faotainn a mach  
Ge b'e nì a gheibh do làmh ra dhèanamh,  
Dèan e le d' dhìchioll;  
oir chan eil obair, no innleachd,  
no eòlas, no gliocas  
anns an uaigh, d'am bheil thu a' dol;*

*IS FEÀRR GLIOCAS, NA INNEALAN-COGAIDH;  
ACH MILLIDH AON PHEACACH MÒRAN MAITH.*

## XXII

*Le jour de gloire est arrivée*

*- pas encore, mes amis, pas encore*

Ò dhèanainn suidhe fo chraoibh-geanmchnò.  
Tha'n balla geal boillsgeach sa doilleireachd,  
's mo chasan domhainn anns an duslach bhàin,  
air mo shlinninn rùisgte shlaic na sgiùrsan.

Is dhèanainn suidhe fo chrann-almoine  
Dh'olainn an neactar; dh'èisdinn ris a' cheòl.

Rè na saothrach tha mi a' seinn fuinn  
muladaich le ruithim allaidh, amh  
's na companaich a' seinn gu sgalanta.

Is dhèanainn suidhe fo *mhimosa* maoth  
's cnèadaichinn ciòchan boga bana-tràill'.  
's an oidhche chaidlidh mi an geimhlibh iarainn.  
'S dhèanainn spaisdearachd air barraid ghuirm.

Tha mi nam mhèinnean ann am broinn na talmhainn.

Is choisicheadh mo pheucagan air rèidlean.  
San là tha mi nam fhreiceadan san lùchairt,  
san oidhche ni mi pòit san taigh-seinns'.

Tha mo chraiceann dubh, ach buidh' do chuid-se,  
ach tha ar fuil-ne dearg, is ar bheatha  
priobadh fad tiota goirid, is an sin  
smàlaidh a' ghaoth i. Dè na cagairean  
de'd leannan ann an taic ri gliocas mòr  
feallsanach Plato, ach bheir tusa feart  
air cagairean do ghràidh, is duinidh tu  
an leabhar ann ad làimh, le mèaran.

Nad aonar tha thu beò. Is muladach.  
Tha gràdh agad. Is dh' fhiosraich thu an t-àgh:  
ach air son aoibhneis pàighidh tu a' phrìs  
nach beag. Am bàs, nad aonar. *Mar na coin.*

Tha cudthrom deòir na màthar air an àgh  
*ach seinnear roimh a' bhàs an tuireadh seo.*

Chunnaic iad an camhanach mu dheireadh;  
dh'èirich gu moch iad agus oiteag lag  
a' cnèadachadh am feòil mu dheireadh thall  
roimh chrìch an t-saoghail, agus chìr iad am falt  
a' sealladh ann an sgàthan uisge chiùin,  
is gun mhac-talla troimh an adhair tràth  
chual' na Pearsaich òran dubhach, dùr.

Dhaibh-san bha ciall chinnteach air a' bhàs:  
Cò nach eil miannach air bàs uasal?  
Ach s' fheàrr a mhairsinn beò gu h-vasal.

Ò, a bhith beò, nad shuidh' fo darach glas.

Cha bhiodh bòidhchead ann gun ghrànnndachd  
Cha bhiodh mìl às aonais mìle beach  
( tha cànan marbh gun geàrr-fhaclan).  
Leughadair tha mo chridhe trom an diugh:  
a' cur an teagamh fiù 's an meadhan-òir.

Peucagan, tearc-eòin, is eòin bàn-dhearga,  
crònán an alltain, òr agus clach-onics,  
farch-cheòl binn, milis fo na cholbhan  
is oidhche shàmhach fo na reultan seudach,  
fion ann an glainne agus caraid còir  
is srannartaich bho stàball breun.

Ach na dì-chuimhnich bathar bùtha suarach,  
mìltean de thaighean, uile coltach, glas',  
far a bheil gaothan fuar' a' sèideadh trompa  
agus an reothadh 'dèanamh sèisde 'n sin.

BITHEAG  
CRUITHNEACHD  
MIN BITHEAG  
ARAN CRUITHNEACHD  
INNEAR MIN BITHEAG  
MATHACHADH ARAN CRUITHNEACHD  
BITHEAG INNEAR MIN BITHEAG  
CRUITHNEACHD MATHACHADH ARAN CRUITHNEACHD  
MIN BITHEAG INNEAR MIN BITHEAG  
ARAN CRUITHNEACHD MATHACHADH ARAN CRUITHNEACHD  
MIN BITHEAG INNEAR MIN  
CRUITHNEACHD MATHACHADH ARAN  
MIN BITHEAG INNEAR  
CRUITHNEACHD MATHACHADH  
BITHEAG

## XXIV

Seachad air astar solais, cha tèid againn air faicinn —  
cia cuingalaicht' ar fradharc!

*Meirciuraidh* dlùth don ghrèin  
teine nach mùchar  
falaichte leis an leus  
diùid agus nàrach  
thall's a-bhos, thall's a-bhos  
daonnan a' gluasad  
bàn is gun dòchas

Pàpan ri connspaid mun chreideamh — ain-riaghait!

*Bheunas* fo neòil  
rionnag na maidne  
planaid is piuthar  
marbh, cho marbh  
a' tionndadh an còmhnaidh  
gnùis ris a' ghrèin  
gu tâireil

*"Tha faclan coltach ri duilleagan  
ma tha iad pailt, tha measan gann"*

*Talamh* cruinn, tinn.  
Chunnaic mi gealach a' leum is air chrith  
O ghealach bheadaidh, tha daorach ort!

*Mars* a' bàsachadh  
(Dè is ciail dha?)  
aile tana  
mar anail dheireannach  
bodaich bhochd  
tha'n cruinne ruadh  
a' priobadh sùla  
mar gu'n robh leus  
na grèin ro lag:  
dia a' chogaidh  
air leabaidh bàis?

Agus seachad air, fad às  
an aonarachd dho-chreidsinn  
*Jupiter*  
deich uiread ri grèin

Tha fainnean aig *Saturn*  
agus gu fada, fada

seachad air  
*Neiptiun 's Urana*

's a-nis tha naoi ann  
far nach robh ach ochd  
A chrioch? no ...

Agus seachad orra, seachad orra  
reul-chriosan gun chrioch  
agus Dia?

Càit' a bheil E?

## XXV

'S ann eòlach a tha gach eòlaiche air a eòlas  
ach chan eil eòlas mòr no beag aige air Dia  
no beatha. Agus ma thagras e sin, tha e na bhreugair  
Chan eil a' bheart as cinntich' ann an sgrùdadhbh innleachdach  
ach sealadach. Is tha sinn mì-fhoighidneach, gidheadh  
chan eil sinn idir ceannarach, agus mar chaoraich baoth'  
ruithidh sinn nuair a dh'iomaineas is chomhartaicheas an cù.  
(Tha 'n cù a' saoilsinn cuideachd gur daonna e mar thu.)  
Chan eil ach ro-aithne againn den dream a tha ri teachd.  
An diugh tighearnan nàdair, an dè bha sinn mar eisg  
(shnàmh ar sinnsearan san uisge; air an talamh rinn sinn sgrios)  
a-màireach no an earar, is dòcha bidh sinn glic  
ma tha ar sliochd nas treibhdhirich' na bha am párantan...  
an dràsda nì sinn measadh a-rèir ar tomhais bhochd:  
ar sùilean mar na h-uinneagan, no 's mathaid sgàthanan.  
Tha sinn a' faicinn... rud eigin, a-rèir ar seallaidh fhèin,  
Ach sealladh daoine eile — cha tuig sinn idir e.  
Falaichidh sinn ar cùlaibh, ach tha ar beulaibh lom;  
nuair a tha an gintinn nas cudthromraig' na ciall,  
cromaiddh sinn ar dromannan a' dannsadhbh le mnathan;  
ach tha an slabhraids-sloinntearachd nas cudthromraighe fhathast  
na bhith 'sàbhaladh ar beatha (tha curracag aig nead  
a' ruith mu chuairt mar bhacach ma tha bëist bhagairteach  
faisg air a h-àl no uighean; mar a bhios madadh-ruadh  
a' stiùireadh chon air falbh bho chuileanan sa chòs.  
Mar sin is ann 's na sliochd-san a tha am pearsa beò.)  
Tha sinne beò 'son gintinn; ach cràidhidh sinn a chèile  
oir tha *mi-fhèin* ag iarraidh nas mò na sin a-mhàin;  
is ràsanachd na beath' a' cur eagal oirinn, is  
chan fhaigh sinn fuasgladh eile ach...air ball a' tàrsainn às  
do *dhogma* is saobh-chràbhadh, mì-thròcair agus cràdh,  
agus mar tràillean leanaidh sinn *Criosdachd no Làbaraich*,  
agus mar sin air adhart, fanaidh sinn anns a' ghrèigh  
le eagal ro' bhith nar n-aonar 's ro' fhanaid agus tair.

A shliochd is shìol agam □— cha chuimhnich sibhse mi  
Ach tha mo chridhe cheana a' caoineadh air ur son;  
Thoir maitheanas gu'n d'thug mi a' bheatha dhuibh mu thràth —  
oir ghin mi sibh gun smaointinn a-rèir an nàdair dhoill:  
an cuspair a tha 'sniomh snàthainn ar beatha 's ar dàin;  
faighnidh sibhse cuideachd, Carson...a' gniomhachd seo?

(Ach seo, mo luaidh  
mo thiomnadhbh bochd  
is seo mo chreud  
dòchas is cràdh  
creididh mi

am maitheas daonna,  
's gu'n tig gu crìch  
an-iochd is seirbh'  
gu'n tig mu dhereadh  
rioghachd an tùir:  
ach roimh sin dòirtear  
iomadh deur)

*Pull down thy vanity:* ò facail ghlic!  
Ach chan fhaod faclan fhèin ar slànachadh;  
nam b'urrainn facial misneachd fuasgladh  
bitheamaid saor o gheimhlean eagail 's pèin  
agus mi-thuigsinn, ach tha lion an *logos* fhathast  
gar n-amaladh mu chuairt le mogail theann:  
bruthadh cor beòshlaint' (spàирн gach là)  
corraich is eagal, faireagan is feis;  
connspaid is crupadh-fèithe 's col

Les Sylphides air a' għramofón...  
(ceòl! Ó tha mòran ciùil a dhìth!)

Dà chrann-ceusaidh  
(Ach mallachd d'an t-saobh-chràbhach ud!  
Tha'm mòmaid beò, is marbh latha-'n-dè!

Chan e an diugh  
crìoch ach tùs  
is biast an duine  
ach 'dh'aoindeoin aomaidh chlaoin  
coimhlionar am bruadar.  
Chan eil am fiorachas ach là;  
tha mile taobh air fiorachd  
ach 's fior an fhìrinn  
is bha i riamh —  
Bruadar?  
No sgaile 'n sgàthan?  
Dia is Tì —  
ceist meas is tomhais?  
Am faod urram an duine  
cruthachadh  
saoghal sitheil, sonasach?  
comharra-ceiste  
comharra dòchais.

Na creidibh rud sam bith gun dearbhadh.  
Guma maith a thèid le reusan:  
ach sgriosaidh ginealach nuadh sinn  
gleac nam frith-mheidhean  
tha an eanchainn ro bheag  
'son ràdh gu sìmplidh na tha sìmplidh:

Air grunnd na mara tioramaichte cuiridh clàigean braoisig air  
(coimhlionaidh sinn an cuspair  
caithidh an cuspair sinn)

A' Chrìoch.

## MÌNEACHADH FHACAL ANNS AN DUAN

*Alea iacta est* (Laideann) – “Tha na dìsnean air an tilgeadh” (XVIII).

(Facail Iulius Caesar nuair a chaidh e thairis air an Abhainn Rubicon.)

*Ars longa, vita brevis (est)* (Laideann) – “Tha ealain a’ mairsinn gu fada; a’ bheatha gu goirid” (XVIII). (Eadar-theagachadh Laideann bho ràdh Hippocrates.)

*Ave!* (Laideann) – ”Fàilte!” (I).

*Eppur si muove* (Eadailtis) – ”Gideadh tha e a’ gluasad”. (Ma’s fhìor, chagair Galileo Galilei na faclan seo nuair a b’fheudar dha àicheadh na thubhairt e mu ghluasad na cruinne.)

*HOC FECIT VIRGILIUS* (Laideann) – ”Rinn Virgil seo” (an duan *Copa*) (XIX).

*Le jour de gloire est arrivé* (Fraingis) – ”Thàinig là na glòire”. (bho *La Marsaillaise*) (XXII)

- *pas encore, mes amis, pas encore* (Fraingis) – “Cha dàinig e fhathast, a chàirdean” (XXII).

*Panem et circenses* (Laideann) – “Aran agus soirceasan” (XX) (Faclan às *Aoirean* le Juvenal. X.81).

*Plus ça change plus c'est la même chose* (Fraingis) – “Mar is mó a dh’atharrachas e, is mó a dh’fhanas e mar a bha e” (XII). (Alphonse Karr, ann an *Les Guêpes* (Na Speachan).

*Pull down thy vanity* – “Thoir dhiut do dhìomhanas” (XXV) (Ezra Pound *Cantos*).

*Rigor vitae* (Laideann) – (an àite *rigor mortis*) – “Raige na beatha” (XVIII).

*SAL BER YON ROSH* – a-rèir N. J. Marr, cànaich Ruisearneach, na ciad 4 facail de theanga an duine ( beachd a tha air a bhreugnachadh san la an diugh) (XII).

*Timor mortis tuae conturbat me* (Laideann) – “Tha eagal orm roimh do bhàs” (XV).

*Oir ann am mòran gliocais tha mòran doilgheis... ACH MILLIDH AON PHEACACH MÒRAN MAITH* – (Bho *Eclesiastes*) (XXI).

---